


deatha  
le  
huaidh


Kylie Minogue



beatha le  
buaidh

# beatha le buaidh

U  
S  
G  
O  
N  
M  
H  
Y  
K



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-70-5



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride Mac'Uilemhaoil.

# KYLIE MINOGUE

## Kylie Minogue

Tha Kylie Minogue air a bhith ainmeil air feadh an t-saoghail airson còrr air fichead bliadhna. Thàinig i gu aire a mhòr-shluagh an toiseach ann an 1986 nuair a fhuair i obair na bana-chleasaiche air *Neighbours*. Ged a bha i air a bhith na seinneadar agus na bana-chleasaiche bho aois òg, b' e *Neighbours* a' chiad turas a bha i air cliù a chosnadh dhi fhèin air taobh a-muigh Astràilia. Bhon uair sin tha i air milleanan de chlàir a reic agus tha i air a bhith aig àrd-ìre ùine mhòr. Ach chan eil gnothaichean air a bhith furasta dhi fad an t-siubhail idir.

# KYLIE MINOGUE



# KYLIE MINOGUE



# KYLIE MINOGUE

## Teaghlaich

Coltach ri iomadach teaghlaich Astràilianach eile, bha ceangal làidir aig teaghlaich Kylie Ann Minogue ri Breatainn agus Èirinn. B' ann à Èirinn a bha sinnseirean a h-athar agus rugadh a màthair anns a' Chuimrigh. Tha piuthar agus bràthair aig Kylie agus chaithd an teaghlaich a thogail ann am Melbourne ann an ceann a deas Astràilia. 'S i Kylie as sine dhen teaghlaich agus 's e Dannii agus Brendan a tha air a piuthair agus a bràthair. 'S e seinneadair pop agus bana-chleasaiche a tha ann an Dannii agus nuair a bha iad òg, bha Dannii na b' ainmeile na Kylie. Dh'atharraich sin nuair a fhuair Kylie obair na bana-chleasaiche air a' charactar aig Charlene Mitchell ann an *Neighbours*.

# KYLIE MINOGUE

## Neighbours

Cha robh dad a dhùil aig duine gum biodh *Neighbours* cho soirbheachail agus a bha e. Bha pàirt air leth cudromach aig Kylie anns a' phrògram. Thàinig sin gu ceann le na milleanan a' coimhead oirre an latha a phòs i a leannan air *Neighbours*, Scott Robinson. Bha esan air a chluich leis a chleasaiche ainmeil Jason Donovan. Dh'fhàg Kylie *Neighbours* ann an 1988 gus seinn làn-ùine.

# KYLIE MINOGUE



M I N O G U E

K Y L I E




© JP Laffont/Sygma/CORBIS

Can @onder tan can

KYLIE MINOGUE



12



13

Concurrent  
KYLIE MINOGUE

### I Should Be So Lucky

Bha Kylie Minogue fhathast ann an *Neighbours* nuair a dh'fhoillsich i a' chiad chlàr aice ann am Breatainn. B'e "I Should Be So Lucky" an t-ainm a bha air an òran sin agus bha e air leth soirbheachail dhi. Reic i còrr air 7 millean leth-bhreac dhen chlàr ann an 1987. Bha an luchd-amhairc aig *Neighbours* air a bhith dìleas do Kylie agus chùm iad taic rithe nuair a rinn i clàir eile.




# KYLIE MINOGUE

## Atharrachadh

**T**hug Kylie atharrachadh air an stoidhle seinn aice ann an 1993. Cha robh i a' seinn uiread de dh'òrain pop agus mar sin cha robh i a' reic uiread de chlàir. B' e bliadhnaichean gu math duilich a bha seo dhi oir bha mòran dhaoine ga càineadh. Bha iad ag ràdh nach robh i cho math sin air seinn, nach biodh i fhèin a' sgriobhadh a cuid òrain agus nach maireadh i ann an gniomhachas a chiùil. Cha robh dùil aig duine sam bith gun tilleadh Kylie air ais agus gum biodh i a' seinn air beulaibh milleanan de dhaoine a-rithist an dèidh nam brisidhean-dùil sin.

# KYLIE MINOGUE



# K Y L I E M I N O G U E

## A' Tilleadh

**A**nn an 2000, fhuair Kylie urram mòr nuair a chaidh a taghadh gus seinn aig cuirm dùnaidh nan Geamaichean Oilimpigeach ann an Sydney. Sheinn i dà òran. Bha mu 3.7 billean neach a' coimhead oirre a' seinn ann an 220 dùthaich air feadh an t-saoghail. An dèidh nan Geamaichean Oilimpigeach chaidh Kylie air chuairt air feadh Astràilia agus na Roinn Eòrpa. Cha robh Kylie air a bhith a-riamh cho soirbheachail. An dèidh sin dh'fhoillsich i an t-òran a bu shoirbheachaile a rinn i "Can't Get You Out Of My Head". Bha an t-òran sin aig àireamh a h-aon ann an 40 dùthaich agus chaidh 6 millean clàr a reic.

# C O N C E R T

# K Y L I E M I N O G U E

## Aillse

**A**nn an 2005 bha Kylie a' dèanamh cuairt eile tron t-saoghal nuair a fhuair i naidheachd uabhasach. Chaidh i chun dotair agus chaidh fhaicinn gun robh aillse broillich oirre. Chaidh a' chuairt aice a chur dheth agus fhuair i obair lannsa anns a' Chèitean 2005. An dèidh sin, fhuair i *chemotherapy* gus cur às dhan aillse. Air sgàth sin chaill i a falt agus bha i lag. Bha mòran dhaoine iomagaineach mu dèidhinn ach 's i fhèin a bha ag iarraidh orrasan gun dragh a bhith orra. Ged a bha i lag, bha Kylie fhathast ag obair. Sgrìobh i leabhar chloinne agus chaidh i air turais a choinneachadh ri daoine eile a bha a' fulang le aillse.

# KYLIE MINOGUE



18

# KYLIE MINOGUE

## A' Tilleadh A-Rithist

Anns an t-Samhain 2006, thòisich Kylie air seinn air beulaibh a' mhòr-shluagh a-rithist. Thug i bliadhna gu leth a' sabaid an aghaidh agus a' faighinn seachad air aillse. Ged a bha i sgìth agus goirt, bha i a' seinn gus toileachas a thoirt dhan luchd-èisteachd aice. Air an oidhche mu dheireadh de 2006 bha cuirm-chiùil mhòr aice ann an Lunnainn far an robh mìltean ag èisteachd rithe a' seinn.

Tha mòran measail air an t-seinn aig Kylie Minogue ach tha mòran a bharrachd a' toirt urram dhi a-nis airson cho treun 's a bha i nuair a bha i a' fulang le aillse broillich. Tha i a' dèanamh tòrr obair carthannais gus daoine le aillse a chuideachadh agus tha i a' cumail oirre air ceòl ùr a chruthachadh gus cumail oirre air seinn.

# KYLIE MINOGUE

## Cò i?

Latha Breith

28/05/1968



## Cò às?

Melbourne, Astràilia

## A' chiad dreuchd?

Bana-chleasaiche

## Prìomh dhreuchd

Seinneadair

## Duaisean

Tha i air milleanan de chlàir a  
reic agus sheinn i aig cuirm  
dùnaidh nan Geamaichean  
Oilimpigeach ann an 2000.

## Tinneas

Aillse ach fhuair i leigheas  
bhuaithe.